

AINM:

CLAS:

Ìre 4-7 Fìleantaich

# Na Bleideagan

## le Dòmhnall Iain MacIomhair

### Rannsachadh

Bhiodh e feumail beagan rannsachaidh a dhèanamh air Na Fuadaichean mus leugh thu an sgeulachd ghoirid seo. Coimhead air na làraich-lìn seo:

[www.ambaile.org.uk](http://www.ambaile.org.uk) : Comann/Eilthireachd.

[www.ambaile.org.uk/gd.education](http://www.ambaile.org.uk/gd.education) Ransaich cuspair/Na Fuadaichean

Bhiodh e inntinneach cuideachd beagan a leughadh mu Phàdraig Sellar, am maor a bha gu mòr an sàs anns na fuadaichean borba sa cheann a tuath.

**Smeòrach Mi** – Leugh an earrann Eilthireachd às a’ chruinneachadh Smeòrach Mi – gu h-àraid:

*Srath Nabhair* le Ruairidh MacThòmais  
*Dèan Cadalan Sàmhach* le Iain MacMhurchaidh

### Bàrdachd Eile

*Trì Fichead Bliadhna 's a Trì*  
*Guma Slàn do na Fearaibh*  
*A' Choille Ghruamach*

### Sgeulachdan Eile

*Am Maor* le Iain Mac a' Ghobhainn.



An dealbh ainmeil, **Lochaber No More** le John Watson Nicol a chaidh a pheantadh ann an 1883



### Ceistean

Leugh an sgeulachd Na Bleideagan agus smaoinich air na ceistean ann am pàidhrichean:

- 1a. Seall, le eisimpleirean bho thoiseach na sgeòil, cho lag 's a tha a' chailleach.
- b. Carson a tha an t-ùghdar air ùine a chosg air seo a mhìneachadh?
2. Seall mar a tha an luchd-tadhail agus a' chailleach eadar-dhealaichte bho chèile nan nàdar.
3. Carson a thàinig na coigrich?
4. Saoil dè tha "Chan fhaca i am peilear a bha anns an t-sealladh" a' ciallachadh?
5. Carson a tha an t-side cudromach dhan stòiridh?
6. Dè tha an t-ùghdar a' feuchainn ri dhèanamh anns an earrainn a tha a' tòiseachadh le "Chunnaic i a h-athair a' clachaireachd an taighe..." Dè cho soirbheachail 's a tha e air sin a choileanadh?
7. Nuair a thuig i na bha a' tachairt, cò air an do smaoinich i?
8. Saoil dè an "saoghal ùr" a bha a' feitheamh ris a' chaillich?
9. Dè rinn an luchd-tadhail aig deireadh na sgeòil?
10. Dè thachair dhan chaillich?
11. Dè a' bhuidh a bha aig an sgeulachd seo ort?



## A' sgrìobhadh mu litreachas

### Lèirmheas

Sgrìobh lèirmheas air an sgeulachd, ag ainmeachadh mar a chaidh an sgeulachd a chruthachadh agus dè na dòighean sònraichte a chleachd an t-ùghdar airson seo a dhèanamh. Smaoinich air a' chuspair agus na caractaran a thagh e. A bheil an dòigh-sgrìobhaidh seo freagarrach airson a' chuspair? Carson nach tug e ainmean dha na caractaran idir? Cuidichidh na ceistean a fhreagair thu gu h-àrd thu an lèirmheas a chur ri chèile. Ciamar a tha an sgrìobhadair a' dèanamh cinnteach gum bi truas aig an leughadair ris a' chaillich? Ma tha thu air Am Maor le Iain Mac a' Ghobhainn a leughadh cuideachd, ciamar a dhèilig na diofar sgrìobhadairean ris an aon chuspair? Cò as soirbheachaile agus carson?

### Sgrìobhadh/labhairt

Tagh aon phìos gu h-ìosal agus deasaich pìos sgrìobhaidh co-cheangailte ris. Nuair a tha thu deiseil, faodaidh tu na prìomh phuingean a mhìneachadh dhan chlas air fad. Mìnich carson a thagh thu a' cheist ud agus ciamar a dheasaich thu am pìos sgrìobhaidh. Cuiridh an clas ceistean ort mu na rinn thu.

1. Chuir Na Fuadaichean às dhan Ghàidhlig. Dè do bheachd?
2. Tha thu fhèin agus do theaghlach a' dèanamh air Canada aig àm nam Fuadaichean. Sgrìobh sgeulachd no pìos bàrdachd ag innse mu na faireachdainnean is na tachartasan nad bheatha aig an àm ud.
3. Cha bu chòir do luchd na Gàidhlig a bhith a' coimhead air ais fad an t-siubhail. Dhèanadh iad barrachd feum a' coimhead air adhart. A bheil thu ag aontachadh?
4. "Ach dh'fhalbh an t-àm sin 's tha 'n gleann fo bhròn." Cò ris a tha e coltach a bhith nad



Ghàidheal anns an linn seo? Dè na h-atharrachaidhean as motha a tha air tighinn air saoghal na Gàidhlig, nad bheachd-sa?



*Chaidh an ìomhaigh seo a thogail ann am Bun Illidh, ann an Cataibh mar chuimhneachan air an fheadhainn a dh'fhàg an dùthaich aig àm nam fuadaichean agus na dh'fhuiling iad aig làmhan nan uachdaran a chuir miann airgid air thoiseach air beatha dhaoine.*